

Tha Ailios NicFhionnlaigh ag innse mun chòmhlain-ciùil Runrig.

Pàirt 1

Cha bhi mòran dhaoine ann an Alba nach cuala a-riamh ceòl 's òrain Runrig. Tha Runrig air a bhith a' cluich mar chòmhlain airson còrr is ceathrad bliadhna. Ged a tha buill dhiofraichte air a bhith aca tro na bliadhnachan, tha Ruairidh agus Calum Dòmhnallach air a bhith mar phàirt den chòmhlain on a thòisich e.

'S ann à Uibhist a Tuath a tha an dithis bhràithrean. Thogadh iad ann an cultar làidir Gàidhlig. Tha iad fhèin ag aideachadh ge-tà gun do chuir iad cùl ris a' chultar sin airson beagan bhliadhnachan nuair a bha iad nan deugairean. Aig an àm sin, cha robh càil na bu chudromaiche dhaibh na ceòl ùr na Beurla. Bha iad a' coimhead air a' Ghàidhlig mar rud seann-fhasanta a bhuineadh do linn am pàrantan.

Pàirt 2

Thàinig atharrachadh air na beachdan aca às dèidh dhaibh gluasad gu bailtean mòra na Galltachd airson foghlam àrd-ìre. An sin agus iad fada bhon dachaigh, thuig iad airson a' chiad uair cho sònraichte 's a bha cultar na Gàidhlig. Thug Runrig a' chiad clàr aca a-mach ann an 1977 agus b' ann sa Ghàidhlig a bha na h-òrain air fad. 'S e Calum agus Ruairidh a bhios a' sgrìobhadh òrain Runrig agus tha iad air a ràdh gu bheil e nas nàdarraiche dhaibh a bhith a' sgrìobhadh sa Ghàidhlig ged a tha e nas fhasa dhaibh òrain a chur ri chèile sa Bheurla. Tha Runrig a-nis air iomadach clàr a thoirt a-mach. Ràinig aon dhiubh seo an dàrna àite ann an clàran na Rìoghachd Aonaichte. B' iad a' chiad chòmhlain aig an robh clàr singilte Gàidhlig anns a' phrìomh fhichead.

Pàirt 3

Chan eil teagamh nach eil Runrig air feum anabarrach mòr a dhèanamh dhan Ghàidhlig. Tha luchd-leantainn aca air feadh an t-saoghail agus b' iad a' chiad chòmhlain-ciùil a thug a' Ghàidhlig gu luchd-èisteachd eadar-nàiseanta. Canaidh mòran dhaoine a tha air a' Ghàidhlig ionnsachadh gur iad na h-òrain aig Runrig a thug orra an oidhirp a dhèanamh. B' e Runrig cuideachd a' chiad chòmhlain a chuir dreach an latha an-diugh air òrain Ghàidhlig. B' iad a thug misneachd do chòmhlain-ciùil eile feuchainn ris an aon rud a dhèanamh, leithid Capercallie agus Mànran.

Bu chòir dhuinn mar Ghàidheil a bhith air leth tangeil gun do chuir Calum agus Ruairidh an còmhlain-ciùil aca ri chèile.